

UHI Research Database pdf download summary

A' suathadh ri iomadh rud: comas is cothrom faclaireachd a leudachadh tro bhriathrachas a' chultair dhùthchasaich

Cheape, Hugh

Published in:
Rannsachadh na Gàidhlig 8

Publication date:
2016

The re-use license for this item is:
CC BY-NC-ND

The Document Version you have downloaded here is:
Peer reviewed version

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):

Cheape, H. (2016). A' suathadh ri iomadh rud: comas is cothrom faclaireachd a leudachadh tro bhriathrachas a' chultair dhùthchasaich. In W. McLeod, A. Gunderloch, & R. Dunbar (Eds.), *Rannsachadh na Gàidhlig 8: Cànan agus Cultar* (pp. 251-270). [16] Dunedin Academic Press, Edinburgh.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

A' suathadh ri iomadh rud: Comas is cothrom faclaireachd a leudachadh tro bhriathrachas a' chultair dhùthchasaich

Hugh Cheape

Tha ana-ceartas ga dhèanamh an seo air gnàthas-cainnt a chleachd Aonghas Caimbeul, 'Am Puilean', à Nis ann an Leòdhas mar tiotal an fhèin-eachdraidh a dh'fhoillsich ann an 1973. B' e sin 'suathadh ri iomadh rubha', agus tha mi a' togail na h-abairte mar tiotal a' phàipeir seo le lùths a thig às airson briathrachas a' chultair dhùthchasaich (*material culture*). Tha stòiridh beatha Aonghais cho annasach, tarraingeach agus bu chòir an leabhar a bhith aig gach neach a leughas an cànan, gus sealladh air leth sònraichte fhaighinn air saoghal Gàidhealach, eadar saoghal inntinn a' Ghàidheil agus saoghal ann an da-rìribh anns am biodh a' Ghàidhlig fhileanta shiùbhlach air bilean an t-sluaigh (Caimbeul, 1973).

Tron t-sreath de cho-labhairtean Rannsachadh na Gàidhlig, tha luchd-labhairt a' togail chuspairean sgoilearach aig àrd ìrthairis air na bliadhnaichean bho chaidh an sreath a stèidheachadh anns a' bhliadhna 2000. Tha na sgoilearan sùil a thoirt air a' chànan, gu h-àraidh air a' chànan fhèin ann an litreachas agus ann am beul-aithris, eadar rosg is bàrdachd, air gràmar agus cànanachas eachdraidheil, le bhith a' togail eòlas fogharachd (*phonetics*) agus a bhith a' sgrùdadh gu mionaideach a' mhorf-eòlais (*morphology*). Tha sgoilearan eile air naidheachdan ùra a tharraing à eachdraidh is airceòlas, eadar eachdraidh cinneadais (*clanship*) is eachdraidh shòisealta agus eaconamach, agus seallaidhean air atharrachaidhean tro ro-eachdraidh na h-Alba. Nam bheachd-sa, bha sgaradh ann an còmhnaidh eadar an cànan is eachdraidh, le cànanachas air a chur an dàrna taobh agus mac an duine air a chur an taobh eile. Rinneadh adhartas le dearbhachd o chionn greis mhath anns na diofar raointean sgoileireil agus cuspairean anns an fharsaingeachd. A thaobh tarraing ùr air an eachdraidh, feumar aithneachadh a thoirt do shaothair sgoilearan mar an Dr Aonghas MacCoinnich air Clann Choinnich agus na Sìophortaich, agus an Dr Màrtainn MacGriogair, le seallaidhean ùra air Reachdan Eilean Ì, sgaraidhean eadar Chlann Griogair agus na Caimbeulaich, agus tuigse nas doimhne air eachdraidh na Gàidhealtachd anns an fharsaingeachd. Aig cridhe na cùise, 's e comas ionmholta agus eòlas sònraichte a tha aca, le bhith a' cur sgilean cànanach ri eachdraidh na h-Alba. Tha seallaidhean agus bun-bheachdan ùra a' tighinn an-àirde agus bu chòir

buidheachas a thoirt dhaibh air an son (faic, mar eisimpleir, MacGregor, 2002, tdd. 196-239; MacCoinnich, 2006, tdd. 137-52). Tha iad a' leudachadh nan seallaidhean againn gu mòr, agus a' toirt misneachadh dhuinn ath-sgrùdadh thar-chuspaireil a leasachadh air eachdraidh na Gàidhealtachd, le sùil, ma dh'fhaodte, air cultar dùthchasach am measg cuspairean eile.

Rinneadh rannsachadh luachmhor air cànan is cànanachas na Gàidhlig cuideachd tro na bliadhnaichean, a thug dhuinn soilleireachadh agus leudachadh air modh, cruth is eachdraidh a' chànan. Tha sgoilearan mar an t-Ollamh Domhnall MacAmhlaigh a' toirt dealbh dhuinn air atharrachaidhean a thàinig air a' chànan, gu h-àraid fo bhuidheachadh caochlaideach dà-chànanach, suidheachadh a tha cha mhòr gu tur uile-làthaireach. A rèir an deilbh a thug e dhuinn, tha beachd aige gu bheil seòrsa de chànan ùr againn, 'Gàidhlig Ùr'. Bha MacAmhlaigh a' sgrìobhadh air mar a tha an cànan a' togail a-steach faclan is structaran bhon Bheurla agus gu bheil a' Bheurla Shasannach agus a' Bheurla Ghallda a' gabhail gnothaich ris a' Ghàidhlig le cailcean (*calques*), agus am beachd MhicAmhlaigh b' e seo '*a productive phenomenon of English interference*' (Macaulay, 1986, td. 121).

Ged a tha seallaidhean sgoilearach a' sìor ghluasad agus a' sìor atharrachadh, tha sgoilearan cànanach a' riaghladh fhathast ann an raon-rannsachaidh na Gàidhlig – suidheachadh a tha ceart is iomchaidh – agus tha iad air cudrom a chur air fòn-eòlas (*phonology*) agus obair sgrùdaidh air dualchainntean air taobh iosaglosan fhuaimneachaidh. Gu deimhinne, tha na slighean rannsachaidh seo an dà chuid freagarrach agus luachmhor. A rèir còmhraidhean pearsanta le coimhearsnachdan eadar Ceann a Tuath agus Ceann a Deas an Eilein Sgitheanaich, mhothaich mi gun robh luchd na Gàidhlig buailteach a bhith mothachail air sgaraidhean eadar na dualchainntean a thaobh briathran is briathrachas, gun a bhith a' cur cuideam no aithne air sgaraidhean a thaobh fuaimneachadh. Gu tric, tha iad a' toirt iomradh air na faclan sònraichte no abairtean dualchasach agus gnàthach a bhuineas don dùthaich aca fhèin. Tha na Gàidheil eòlach air na *shibboleths* a bhios a' comharrachadh nan dualchainntean. Ann an coimhearsnachd an t-Sabhail Mhòir, tha Niall MacFhionghain, air no 'Niall Heast' mar a chanas iad ris, air sgrìobhadh mu fhaclan agus abairtean Ceann a Deas an Eilein Sgitheanaich le cudrom air briathrachas bhon sgìre seo (MacFhionghain, 2002). Thòisich e le bhith a' toirt sùil air fuaimneachadh fhaclan ann an cleachdaidhean mar 'doras' an àite 'doras', 'creic' an àite 'reic', 'trog' an àite 'tog', 'seitheach' an àite 'soitheach', 'faithnich' an àite 'aithnich', am

measg eisimpleirean a tha aithnichte, ged nach eil eadar-dhealachaidhean eadar aon dualchainnt is dualchainnt eile cho follaiseach san latha an-diugh. Dh’innis Niall Heast dhuinn gum biodh beachd ri cluinntinn gum faodar ‘truailleadh sa’ chanan’ a chantail mu dheidhinn phàirt den fhuaimneachadh fhaclan a bha e a’ toirt dhuinn (MacFhionghain, 2002, td. 284). Rinn e liosta de dh’fhaclan is briathrachas bhon sgìre le mìneachadh sònraichte orra le feadhainn nach d’fhuair e anns an Fhaclair Ghàidhlig aig Dwelly, nam measg innealan obrach, eich is uidheam, ainmhidhean is eòin, a’ mhuir agus an t-iasgach, bàtaichean agus saidhbhreas de dh’fhaclan eile, a’ mhòr-chuid dhiubh a’ tighinn bho bhith-beò agus obair làitheil. Chithte facal no dhà a bha àbhaisteach ann an obair an fhearainn ach a tha ainneamh san latha an-diugh ri linn mar a tha cleachdaidhean àiteachais ag atharrachadh, faclan mar ‘bota’, ‘culadh’, ‘fuaidreag’, ‘clisneach’, ‘faic’, ‘foidearachd’, ‘gailleanach’, ‘gniomhadh’, ‘geathalaich’, ‘plocan’, ‘pollag’, ‘reap’, ‘rongais’ agus na h-uimhir de dh’fhaclan eile (MacFhionghain, 2002).

A dh’aindeoin nam mìneachaidhean a thug Niall Heast dhuinn, chan eil sealladh glan againn an-còmhnaidh air a’ bhriathrachas seo no air ìomhaigh is tuigse mu chruth is cleachdadh (*form and function*) an uidheim seo. Tha an uireasbhaidh seo ri faicinn ann an sgrùdaidhean eile le sgoilearan a’ chànain aig an ìre as àirde (faic, mar eisimpleir, Thomson, 1978, tdd. 174-8). Feumar aithneachadh gu bheil an comas is an t-eòlas seo a’ fàs gann; chan eil an t-uidheam fhèin, no ìomhaighean dheth, ri fhaicinn gu tric taobh a-muigh thaighean-tasgaidh. Anns an dàrna leth dhen fhicheadamh linn, gheibheadh luchd-obrach nan taighean-tasgaidh ann an Alba trèanadh ann am faclaireachd (*lexicography*). Lean iad ris a’ mhodh-obrach aig an Ollamh Alexander (‘Sandy’) Fenton nach maireann, a bha a’ togail cheanglaichean eadar am facal agus an cleachdadh (Fenton, 1985, tdd. 43–59; Cheape, 2012, tdd. 2–3). Le obair-chruinneachaidh an Taigh-tasgaidh Nàiseanta air feadh na dùthcha, bhathas a’ togail briathrachas bhon dà chuid a’ Ghàidhlig agus a’ Bheurla Ghallda, a’ dèanamh cinnteach gu dè a bha gach facal agus abairt a’ ciallachadh agus a bhith gan clàradh le iomradh bho bheul-aithris nam biodh am fiosrachadh seo fhathast ri làimh.

Lean Sandy Fenton air le modh obrach agus raon sgoilearachd an Eitneòlais (*Ethnology*) mar phàirt de shaidheans mhic-an-duine. Bho thùs, bha sgoilearan Eitneòlais a’ trusadh bhriathran airson faclairean nan dualchainntean, gu h-àraidh anns na dùthchanan Lochlannach. Ann an Alba, is dòcha gum faodar a ràdh gun robh troimhe-cheile ann air taobh nan cànan tro na linntean, ach bha an suidheachadh fada

na bu mhiosa anns an Eilbheis. Is ann anns an Eilbheis a thòisich sgoilearan Eitneòlais a bhith a' trusadh fiosrachadh air cultar dùthchasach le faclan is abairtean co-cheangailte ris, agus a bhith ga chlàradh air mapaichean. Thàinig modh sgoilearachd an-àirde fon ainm *Wörter und Sachen* ('*Words and Realities*' no '*words and things*'), agus dh'fhoillsicheadh a' chiad atlas cànanach ann an 1928 airson *Rätoromanischen Schweiz* (Steensberg, 1993, tdd. 16-18). Gu ìre, bha sgioba 'Faclair an t-Seann Chanain Albannaich' no *Dictionary of the Older Scottish Tongue* agus 'Faclair Nàiseanta na h-Alba' no *Scottish National Dictionary* – daoine mar Jack Aitken agus David Murison còmhla ris an oileanach aca, Sandy Fenton – a' tarraing air modh obrach sgoilearan na Roinn Eòrpa le sùil air *Wörter und Sachen*. Ann am bliadhnaichean tràtha Sgoil Eòlais na h-Alba, mar eisimpleir, bha sgrùdadh ga dhèanamh air an dà chuid cultar dùthchasach agus dualchainntean, le iomairt airson an tarraing ri chèile. Sgrìobh an t-Ollamh Aonghas Mac an Tòisich ann an 1952:

This whole field is a fascinating example of the close interconnection of a linguistic and a non-linguistic subject. On the one hand there is the problem of the distribution and provenance of a series of material objects; on the other there is the problem of the distribution and provenance of a series of names for material objects. Neither can be studied without the other (McIntosh, 1952, td. 26).

Chaidh obair deasachaidh a dhèanamh airson atlas cànanach ann an Alba agus ann an Èirinn agus thàinig buaidh air an obair seo bho sgoilearan na Roinn Eòrpa agus bho leabhar a sgrìobh an t-Ollamh Tomás Ó Rathaille ann an 1932, *Irish Dialects Past and Present*, le caibideilean air Gàidhlig na h-Alba agus Gàidhlig Eilean Mhanainn. Bha Ó Rathaille a' leantainn air le eòlas fogharachd, gun chudrom air gràmar no briathrachas, ged a bha e ag aideachadh gun robh raon eadar-dhealachaidhean ann an dualchainntean; ach mar a sgrìobh e: '*... individually these differences are of small importance, but taken collectively their number makes them important enough*' (O' Rahilly, 1932, td. 240). Anns na lethcheudan, bha atlas cànanach na h-Alba, *The Linguistic Atlas of Scotland*, a' leantainn an aon slighe le bhith a' cur eadar-dhealachadh briathrachais (*lexical differentiation*) aig ìre innleachd na b' ìsle. Chaidh sgrùdadh a thòiseachadh anns na 1930an air dualchainntean Gàidhlig fo làimh sgoilearan Lochlannach, mar Nils Holmer, Carl Borgstrøm, Carl Marstrander, Alf Sommerfelt agus Magne Oftedal, cuideachd ionnsaichte a thug sùil mhionaideach air am fuaimneachadh agus am morf-eòlas, gun bheachdan air faclairachd (faic, mar

eisimpleir, Oftedal, 1956). A' togail air saothair sgoilearan a chruthaich mapaichean an lùib shuirbhidhean air cànanan eile, agus air saothair nan sgoilearan Lochlannach, bhathas a' cruinneachadh bhriathran bho bhile an t-sluaigh eadar Hiort is Peairt, ach gun ghuth air acfhainn, àirneis, obair chiùird, cleachdaidhean àiteachais no teicneòlas.

Air taobh thall Shruth na Maoile, lean an t-Ollamh Heinrich Wagner slighe eile le atlas cànanach na h-Eireann, *Linguistic Atlas and Survey of Irish Dialects*, agus thog e fhèin an dòigh-obrach a bha air chùlaibh atlas *Rätoromanischen Schweiz*, a' suathachadh ri abairtean agus briathrachas mar chomharrachadh air dualchainntean. Fhad 's a bha Wagner a' trusadh agus a' clàradh eadar 1949 agus 1956, chleachd e ceisteachan a bha stèidhichte air cuspairean co-cheangailte ris a' bheatha làitheil agus teachd-an-tìr cho math ri gnèithean gràmair. Bha earrannan anns a' cheisteachan air obair taobh a-muigh agus am broinn an taighe, eadar àirneis is obair taighe, air obair fearainn agus air iasgach. Bha beachd ann gun robh e tòrr na b' fhasa còmhradh socrach no deasbad fhaighinn le muinntir na dùthcha mun bheatha aca agus air cuspairean a bhuineadh don sgìre fhèin (Wagner, 1981, td. x). Anns an obair-trusaidh aige, fhuair Wagner taic agus comhairle bhon Dr Caoimhín Ó Danachair, a bha ag obair aig an àm ud airson Coimisiún Béaloideas Éireann. Choisinn Ó Danachair mòr-chliù mar sgoilear eitneòlas na Roinn Eòrpa air fad agus bha buaidh mhòr aige air modhan-obrach nan taighean-tasgaidh (Gailey agus Ó hOgain, 1982). B' àbhaist dha a bhith an còmhnaidh a' tarraing ri chèile uidheam is ainm tron obair-rannsachaidh aige fhèin. Anns an t-seagh seo lean e gu dlùth ri dòighean-obrach eitneòlasach an atlas chànanaich agus chuir e fhèin air chois cùrsa ceuma ann an 'Cultar Dùthchasach' ann an Coláiste Ollscoil na hÉireann, Baile Átha Cliath.

Tha sinn air a bhith a' gluasad air adhart an-dràsta le clàradh dhualchainntean agus togail fhaclairean – le iomradh air *Survey of the Gaelic Dialects of Scotland* (1997) agus 'Faclair na Gàidhlig' – agus sgrùdadh theacsaichean is làimh-sgrìobhainnean a bharrachd air cànanachas (faicibh Macleod agus McClure, 2012). Gun fhacal air oideachadh no trèanadh, tha sinn deiseil is deònach a bhith a' gabhail a-steach briathrachas bho gach taobh. Is dòcha gu bheil beàrn ann fhathast ann an saoghal sgoilearachd far nach eil ach grèim caran lag air cultar dùthchasach agus far nach b' urrainn do sgoilearan a' chànan a bhith a' suathadh ri iomadh rud mar a bu chòir dhaibh. Bha Ó Rathaille ag obair taobh a-muigh faclaireachd ach b' urrainn dha aithneachadh gun robh beàrn ann. Sgrìobh e aig deireadh an leabhair aige air

dualchainntean mu bhriathrachas agus cleachdaidhean ach le fios gun robh bacadh ann:

... it is easy enough to say that a particular word is in use today in a particular area; but to say that such and such a word is not in use in a particular district may well be risky, in view of the fact that the vocabulary of most districts has as yet been imperfectly explored (O' Rahilly, 1932, td. 244).

Agus e a' toirt sùil air briathran is abairtean, bha an t-Ollamh Domhnall MacAmhlaigh a' sgrìobhadh air ùr-ghnàthachadh ann an dòighean-labhairt, mar a tha an cànan air tarraing a-steach faclan is briathrachas a tha feumail ann a bhith a' làimhseachadh saoghal ùr sòisealta is eaconamach. Cha robh an uair sin – agus ma dh'fhaodte nach eil fhathast – buidheann sam bith a tha ri cleachdadh briathrachas ùr teicneòlais, le comas air a fhreagarrachd a mheasadh, m.e. iris a tha ag amas air cuspairean teicneòlais. Mar a tha fios againn, cha d'fhuair briathrachas teicneòlais an aon urram bho sgoilearan 's a th' aig air cànan litreachais. A thaobh briathrachas teicnigeach, sgrìobh Domhnall MacAmhlaigh ann an 1986:

... usage is irregular and inconsistent and there is strong evidence of poor control of technical vocabulary in a majority of written documents . . . There is still a genuine impoverishment of technical vocabulary and the highest priorities for Gaelic dictionary makers are in this field (Macaulay, 1986, td. 123).

Carson a bha coltas bochdainn air taobh a' chànain no carson a tha an cànan a dhìth anns an raon a tha fa-near dhuinn? Le foghlam oifigeil tro mheadhan na Beurla agus foghlam fo sgàil achdan Pàrlamaid Lunnainn, thòisich fheadhainn a' dèanamh sabaid an aghaidh a' mhì-rùin agus dìth suime dhan Ghàidhlig a bha cumanta aig an àm. Nochd beachdan, mar eisimpleir, ann an duilleagan iris a' Chomuinn Ghàidhealaich, *An Gàidheal*, a dheasaich an t-Urr. Tòmas MacCalmain eadar 1946 agus 1958, a ghabh an cothrom a bhith ag iomairt às leth a' chànain agus ag eagrachadh bheachdan na thaic. Sgrìobh Iain N. MacLeòid ann an 1947 mu 'Dhìmeas na Gàidhlig':

... Cìod am feum do mhinistear seirbhis Ghàidhlig a chumail mur tig an sluagh ga eisdeachd? Chan e am ministear idir as coireach ach dìreach nach eil ar Gàidheal ag iarraidh aoradh a dheanamh nan cainnt fhèin – chan eil i fasanta gu leòr! Tha an aon seòrsa dìmeas air a dheanamh air a' Ghàidhlig aig cruinneachaidhean de gach seòrsa anns a' Ghàidhealtachd. Ma bhios ministear no banaltrum no maighstir-sgoile no dotair a' faighinn tiodhlaic o'n

t-sluagh an uair a bhios iad a' fàgail na sgìre, feumaidh gach moladh is deagh-chliù a tha orra a bhith air a chur an cèill le muinntir na sgìre am Beurla chruaidh Shasainn. Tha sin air a mheas nas urramaiche do'n neach a tha a' fàgail na bhith a' deanamh luaidh air a bhuadhan an Gàidhlig, eadhon ged bhiodh làn a chinn de chanan a mhàthar aige (MacLeòid, 1947, tdd. 86-7).

Bha seo agus gu leòr a bharrachd aig an Leòdach, a bha na b' ainmeile mar 'Alasdair Mòr', Sgitheanach a b' àbhaist a bhith a' sgrìobhadh ann an *Gasaet Steòrnabhaigh* le 'Litir a Beàrnaraigh'. Bha làn fhios aige fhèin dè a bha ceàrr agus sgrìobh e mu fhoghlam tro mheadhan na Beurla gun dùil aige gun tigeadh latha eile. Chuir e beachd air adhart, ge-tà: 'Nach ann air Beurla Shasainn a thogadh [Gàidheil] anns an sgoil, agus nach e sin a' cheart mhodh fhoghlaim a tha air clann na Gàidhlig an diugh, agus is ann nas miosa a bhios an iomairt sin a' dol gus am bi teagasg na Gàidhlig co-ionnan ri foghlam Beurla Shasainn ann ar sgoilean Gàidhealach' (MacLeòid, 1947, td. 87). Bha cuibhle an fhortain a' tionndadh mean air mhean ach dè chanadh a' mhòrchuid no am mòr-shluagh? Thàinig beachd eile an clò a bha gu math cumanta fhathast ann an 1954: 'Tha a' Ghàidhlig math gu leòir 'na h-àite fhéin - 's e sin ri ràdh, air là fainge, no air a' chroit, no aig an iasgach. Math gu leòir air céilidh, cuideachd, no air "concert", gu h-àraidh ma tha cùis-bhùird de ridire no de dh'uasal ga moladh am Beurla Shasuinn. Ach cùm 'na h-àite fhéin i.' Cò sgrìobh na briathran seo ach Ruaraidh MacThómais agus Fionnlagh Domhnallach, mar fhir-deasachaidh *Gairm* (MacThómais agus Domhnallach, 1954, td. 303). Nach eil fhios againn gun robh iad a' sgrìobhadh le ìoranas, ach faodar a ràdh gur ann anns an dearbh shaoghal seo a bha (is a tha) saidhbheas de dh'fhaclan, briathrachas is gnàthas-cainnte ri fhaotainn.

Bha MacThómais a' moladh gum bu chòir urram a thoirt don chànán agus a bhith 'dol an ceann ar dleasdanas a thaobh na Gàidhlig' (MacThómais agus Domhnallach, 1954, td. 303). Chuireadh briathrachas, gu h-àraidh ainmean, bho thasglannan an Taigh-tasgaidh Nàiseanta gu Oilthigh Ghlaschu airson iomairt faclair Roinn na Ceiltis, 'Faclair Eachdraidheil Gàidhlig na h-Alba', a chaidh a stèidheachadh ann an 1966, fo stiùir MhicThómais, a bha an Cathair na Ceiltis anns an Oilthigh. Bha feadhainn eile a' cur bhriathran air adhart chun an Fhaclair agus dh'fhoillsicheadh co-chruinnichidhean bho na Nisich agus 'Am Bard Bochd' air cuspair an 'Taigh Ghàidhealaich', agus bho Mhurchadh MacLeòid à Crabhlasta ann an *Gairm* ann an 1968 mar fhreagairtean ri ceisteachan a sgaoil 'Am Faclair Mòr' (MacLeòid, M., 1968; [MacLeòid, T.], 1968, tdd. 339-41). Air a mhisneachadh leis na

faclan annasach a thàinig thuige, chuir Coinneach Dòmhnallach clachan eile ri càrn an Fhaclair bho chuspair sònraichte, obair na mònach, fo sgeul ‘Trusadh dhan an Fhaclair’ (MacDhòmhnaill, 1976, td. 338-40; MacDhòmhnaill 1977, td. 74-7). A bharrachd air na bha ri fhaighinn fhathast bho shluagh na Gàidhealtachd, bha luach ri lorg anns an fhiosrachadh a bha ann an tasglannan is co-chruinnichidhean nan taighean-tasgaidh, le sùil air taobhan eile a’ chànain agus na tha fa-near dhuinn anns a’ phàipear seo.

Bha measgachadh de fhiosrachadh ann an tasglannan nan taighean-tasgaidh le cnag na cùise gun robh ceangal dlùth teann eadar an cànan agus rudan cinnteach ann an da-rìribh. Thug an t-Urr. Dòmhnall Mac an Tòisich, fear nan seanfhaclan, ‘Cròcan’ sònraichte à Srath Spè dhan Taigh-tasgaidh Nàiseanta ann an 1783, le ainm dha anns a’ Ghàidhlig. ’S e seòrsa de shlabhraidh os cionn an teine a bh’ ann, le dubhan air an crochte a’ phrais no an coire, air a snaidheadh de fhiodh giuthais. Bha sgoilearan a’ dèanamh mhion-sgrùdaidhean tron naoidheamh linn deug às leth an Taigh-tasgaidh Nàiseanta air airceòlas agus eachdraidh na Gàidhealtachd. Gu tric bha an obair seo mar chur-seachad nan saor-làithean, le nòtaichean a rinn iad mu làrach no tobhta no uidheam a rachadh fon amharc aca. Chuireadh iad na nòtaichean fo chòmhdach ionnsaichte an irisean sgoilearail mar *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland*. Chuir iad am follais uaireannan fiosrachadh a tha air leth inntinneach a thaobh eachdraidh ionadail shònraichte no a thaobh a’ chànain. Chithear, mar eisimpleir, aithisg bheag, ann an imleabhar 16 de ghniomharran a’ Chomainn, ‘Notice of a Knocking Stone or Barley Mortar of Granite from Ballachulish’, le naidheachd air clach mhòr a bha na phronnadair, ’s e sin, mortair no clach-chnotainn a bha aig fear Iain MacCoinnich is a theaghlach ann am Bail’ a’ Chaolais. Ged nach robh comas sa Ghàidhlig aig an ùghdar, sgrìobh e sìos anns an aithisg gur e ‘cnotag’ a bha ann, gun cante ‘eòrnachan’ ris anns na h-eileanan agus gun do chuir an teaghlach a’ chnotag seo gu feum fad cha mhòr dà cheud bliadhna le bhith a’ pronnadh an eòrna airson biadh (Christison, 1882, tdd. 25-6). Ann an aithisg eile, ‘Jottings from Mid-Lochaber’ (Duns, 1882), bha iomradh air clach mhòr eile far an tug ùghdar air choreigin mion-chunntas air làraichean agus air acfhainn a chunnaic e. Chunnaic John Duns a’ chlach seo agus chuala e mu deidhinn, le comhairle air a’ chànain a tha cho fìor an-diugh is a bha e aig an àm ud:

It was my intention to say something about . . . the huge boulder in Glen Nevis, known as ‘The Stone of Council’ . . . But I soon found that a knowledge of

Gaelic is indispensable to one who would gather up the threads of tradition and weave them into an historical narrative, with the help of Gaelic names for natural objects and the Gaelic names of places. Enough, however, was ascertained to show that in this, as in other out-of-the-way districts of our land, there are fields of rich promise in this department waiting for investigation by capable workers. The aged, in whose memory local traditions are as clear and definite as the facts of written history, are passing away, and, even in these remote localities, a new generation is rising far too busy with positive knowledge to care much for traditional lore (Duns, 1882, td. 55).

Ann an latha an-diugh thathar a' tòiseachadh air rannsachadh eadar-chuspaireil agus co-obrachail airson toradh na h-obrach seo a chur gu feum. Tha saothair a' tighinn an àirde à obair rannsachaidh air cultar dùthchasach an dà chuid aig sgoilearan nan oilthighean agus aig luchd-obrach nan taighean-tasgaidh. Tha ceangal ann cuideachd le saoghal glèidhteachais (*conservation*) agus raon rannsachaidh saidheans agus teicneòlais air a' Ghàidhealtachd (faic Cox, 2009). Chuir Sabhal Mor Ostaig OGE cùrsa MA 'Cultar Dùthchasach agus an Àrainneachd' air dòigh ann an 2005 agus thàinig e gu ìre ùr ann an 2012 mar MSc 'Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd'. Tha an cùrsa a' coimhead air dòighean-beatha, dòighean-obrach, teachd-an-tìr agus càrn eòlais traidiseanta a tha ri làimh gus ar tuigse a leasachadh agus a leudachadh mu na linntean a dh'fhalbh agus mu ar latha fhèin. Tron chùrsa for-cheum seo, tha na h-oileanaich a' cur phròiseactan rannsachaidh air dòigh air cuspairean eadar muir is tìr le tràchdas MSc mar ceann-uidhe. Rè a' chùrsa gheibh iad brosnachadh a bhith ag obair còmhla ri coimhearsnachdan: cothrom a bhith a' toirt toradh na h-obrach rannsachaidh aca air ais dha na sgìrean air a bheil i stèidhichte agus cothrom a bhith a' tarraing air cleachdaidhean cànanach agus gnàthasan-cainnt sgìrean ionadail fa-leth. Seo mar a bhios iad ag ionnsachadh mu chleachdadh an fhearainn, uaireannan le cuimhne air ainmean-àite, mu fhaclan is abairtean a bhuineas ri àiteachas, ionaltradh, àireachas, mu dhòighean airson sprèidh is beathaichean a chumail agus fhasgadh, agus a bhith ag ionnsachadh mu stòrasan eile mar mhuilnean, eadar beag is mòr, agus clachan bràthan. Thathar a' clàradh bhriathran agus abairtean air làrach-lìn 'Briathrachas Cultar Dùthchasach' fo làrach-lìn an t-Sabhail Mhòir agus tha am briathrachas ga chur gu feum ann am Faclair na Gàidhlig (<http://www.smo.uhi.ac.uk/~sm00hc/briathrachas.html>, air a ruigsinn air 6.8.2015).

Le bhith a' dèiligeadh ri cuspair a' chultair dhùthchasaich anns an fharsaingeachd, eadar Alba, Èirinn, Sasainn, an Roinn Eòrpa agus Ameireaga a Tuath, thathar a' toirt sùil air cultar dùthchasach is faclairachd agus ga chur air clàr-obrach na Gàidhlig. Fo bhuaidh chuspairean mar 'Eitneòlas' no '*Folklife Studies*', tha sinn a' seachnadh eachdraidh rìghrean agus bhlàran, corra uair a bhith a' leigeil seachad nan leabhraichean bitheanta agus a' cumail cluas ri claisneachd, agus a' tarraing air seachas agus òrain agus a' cleachdadh a' chànan fhèin mar fhianais. Le bhith a' lorg briathrachas a' chultair dhùthchasaich, a bharrachd air cànan nan coimhearsnachdan far a bheil a' Ghàidhlig làidir fhathast, tha sinn a' creachadh nan seann leabhraichean, nan irisean agus nam pàipearan-naidheachd bhon dàrna leth den naoidheamh linn deug. Tha sinn a' togail air a' chànan a tha ri fhaighinn anns na pàipearan-naidheachd a chaidh am meud tro na bliadhnaichean sin, agus gu h-airidh an dèidh cur às do Achd na Stampa ann an 1855. Aig an àm seo cuideachd, dh'fhoillsicheadh *An Gàidheal* (1871-7), *The Celtic Magazine* (1875-88), *The Celtic Monthly* (1892-1917), *An Deò-Ghrèine* (iris a' Chomuinn Ghàidhealach a thòisich ann an 1905), agus gnìomharran no leabhraichean bliadhnaile a thigeadh an clò bho na buidhnean ùra, leithid Comunn Gàidhlig Inbhir Nis bho 1872, Comunn Gàidhlig Ghlaschu bho 1891 agus Comunn Gàidhlig Dhùn Dèagh (1910-18) (MacLeod, 1976, tdd. 202-3, 227, 230).

Tha e na iongnadh gun robh pailteas de luchd-leughaidh agus sgrìobhadairean ùra ann an saoghal na Gàidhlig tro na bliadhnaichean eadar mu 1870 agus 1914. Nochd seòrsa de 'choimhearsnachd chànanach' aig an àm, a' mhòr-chuid dhith sgapte anns na bailtean mòra agus thall thairis, aig an robh comas leughaidh agus comas sgrìobhaidh anns a' Ghàidhlig (Cheape, ri thighinn). A thuilleadh air coltas luchd-leughaidh orra, bha cianalas orra airson na dùthcha a dh'fhàg iad agus ìomhaigh làidir dhith nan inntinn. Thog iad na sgilean aca tro Chomunn nan Sgoiltean Gàidhlig, a chaidh a staidheachadh ann an 1811, agus mus tàinig Achd an Fhoghlaim ann an 1872, chaidh mu 90,000 neach tro shiostam nan sgoiltean Gàidhlig (MacLeòid, R., 1981). Le sùil air a' chultar dhùthchasach, tha luach fhathast anns an litreachas bho dheireadh an naoidheamh linn deug, ged as dual do sgoilearan ar latha fhèin a bhith a' cur sìos air litreachais às a' ghàrradh-càil no *Kailyard*.

Ma dh'fhaodte gun robh sgàil a' ghàrradh-càil air ùghdaran na linne seo ach, bho shealladh a' chultair dhùthchasaich, tha cuid dhiubh airidh air ath-leughadh air adhbharan na faclairachd. Tha luach sònraichte ri tharraing bho shaothair lìonmhor ùghdaran mar Eachann MacDhùghaill (1880-1954) agus an t-Urr. Iain MacRuairidh

(1843-1907). Rugadh Eachann MacDhùghaill ann an Eilean Chola agus chuir e seachad a bheatha obrach le Poileas Ghlaschu. Fhuair e ‘foghlam’ anns an seann taigh-chèilidh agus bha eòlas mòr aige air seann chleachdaidhean (faic Pàipear-Taice A). Chuir e an t-eòlas agus an seachas gu feum agus mar a chaidh a sgrìobhadh mu dheidhinn: ‘Facail nach fhaigheadh tu am Faclair agus gnàthasan nach cluinneadh tu aig neach eile – iad sin gheibheadh tu am pailteas an Gàidhlig Eachainn’ (MacCalmain, 1954, td. 364; faic MacDhùghaill, 1924, 1930). Tha na faclan a chuir Iain MacRuairidh fa-near dhuinn bhon naoidheamh linn deug airidh air ar sgrùdadh fhathast agus chithear gun do chuir am ministear na mìltean dhiubh ann an clò tro bheatha ministrealachd thrang nach robh cho maireannach (Laing, 2013). ’S fheudar saothair MhicRuairidh a bhith fon amharc againn airson adhbhar a’ chultair dhùthchasaich ach, a thuilleadh air sin, a chionn ’s gu robh t-Urr. Uilleam MacMhathain den bheachd gum b’ e Iain MacRuairidh an sgrìobhadair Gàidhlig a b’ fheàrr a bh’ ann riamh. Tha adhbhar eile againn, gun robh stoidhle sgrìobhaidh aig MacRuairidh leis an tug e dhuinn cunntas agus ìomhaigh fada na bu mhionaidiche air saoghal co-aimsireil muinntir nan sgeulachdan agus, a bharrachd air seo, chleachd e faclan, abairtean agus briathrachas a tha annasach san latha an-diugh ach a bha aithnichte fhathast don luchd-èisteachd agus luchd-leughaidh aig an àm. Ann an 1893, nochd an sgeul ‘Tàillear Ghearraidh-Bo-Stig’ bho bheul-aithris Bheinn na Faoghla far an do rugadh ’s a thogadh am ministear fhèin. Seo an aithris fhaiceallach, mhion-fhiosrach a thug e dhuinn air àirneis an taighe, tuairisgeul a dh’aithnicheadh a luchd-leughaidh agus a bheireadh doimhneachd dhan tuigse aca:

Cha robh de dh’ earnais ann an tigh Mhicheil ach dà leabaidh – leaba mhor agus leab’ ard; sreath chlach mu choinneamh an teine, agus sgrath rèisg air an uachdar gu beinge; trì sunnagan connlaich, loban gu gleidheadh shìl; ciste gu gleidheadh mhine; coidhean gu gleidheadh ime; noigean gu bleoghan bhainne, miosair shuidheachaidh no dha; crannachan is loinid is ròineachan; spal-ladhair gu fighe nam plataichean; corc-ràsair gu marbhadh agus gu gearradh na feola; da chuaich fhiodha agus da spain adhairc. . . . Bha ’n earnais a reir an latha agus na linn anns an robh iad beo. Ach an deigh a h-uile cùis, eadar na bha Micheal a’ dèanamh a dh’aiteach agus na bha an Tàillear a’ cosnadh, maille ri maruinn spreidhe, cha robh dìth no deireas orra latha deug ’s a’ bhliadhna (MacRury, 1892, td. 32).

Còmhla ris an Urr. Iain MacRuairidh agus an dèidh ‘Caraid nan Gàidheal’, bha treubh beag de mhinistearan anns an naoidheamh linn deug agus anns an fhicheadamh linn a chuir tòrr a bharrachd ri cuspairean mar eachdraidh agus beul-aithris a tha a’ suathadh ri prionnsapalan moralta, gus an saoiladh tu nach biodh e cho iomchaidh dha na daoine seo a bhith a’ leantainn air a choltas de chuspairean saoghalta agus a bhith a’ trusadh seanchais (Meek, 2002, tdd. 109-11). Nam measg bha daoine bhon chreideamh Chlèireach mar Phàdraig Dòmhnallach, Gilleasbuig Mac a’ Chlèirich, Seumas MacDhùghaill, Iain MacGriogair Caimbeul, Alasdair Stiùbhart, Teàrlach Robasdan agus eile. Bha Donnchadh MacAonghais na mhinistear ann an Òban Latharna a rinn is a dheasaich co-chruinneachadh de sgeulachdan anns an t-sreath *Waifs and Strays of Celtic Tradition* (MacInnes, 1891). Chuir e cuideachd briathrachas ann an clò airson ‘Clèibh’ no ‘*Highland Panniers*’ ann an aiste bheag a sgrìobh e fon tiotal ‘Notes of Technical Terms’ ann an 1894. Chuir e beachd cudromach air adhart an uair sin: ‘*The following and many other technical terms being on the eve of falling into oblivion, it is desirable that they be preserved and put upon record to prevent their being lost for ever*’ (MacInnes, 1894, td. 213). Bha an t-Urr. Teàrlach Robasdan (1864-1927) air an aon ràmh leis agus lean e fhèin air a bhith a’ trusadh briathrachas teicnigeach a rèir feallsanachd ùr foghlaim teicneòlais a bha a’ tighinn an àirde air feadh na Roinn Eòrpa aig deireadh an naoidheamh linn deug. Bhuineadh e do Shrath Tatha, rugadh e ann an Obar Pheallaidh agus bha e na shearmonaiche anns an Eaglais Chlèireach Aonaichte – ‘Robasdan Fada’ mar a chanadh iad ris ann an Eilean Diùra, far an robh e steidhichte mar shearmonaiche. Chruinnich e cainnt is cànan ann an diofar sgìrean agus gu h-àraidh air tìr-mòr na Gàidhealtachd agus an sgìrean far a bheil an cànan air crìonadh bhon uair sin. Sgrìobh e na h-uimhir mu theicneòlas dùthchasach agus tha an obair trusaidh aige fhathast a’ feitheamh ri sgrùdadh domhainn (faic NLS MSS 443-54 [Robertson Collection]).

Faodar na sgrìobh a’ chlàir a sgrùdadh le buannachd, gu h-àraidh na sgeulachdan aca nach eil a’ coimhead ro ghealltanach. Tha pailteas dhen ghnè seo ri fhaotainn; dh’fhoillsicheadh am pàipear, ‘*The Religion and Mythology of the Celts*’, ann an iris Comunn Gàidhlig Inbhir Nis ann an 1894, pàipear a sgrìobh an t-Urr. Gilleasbuig Dòmhnallach, Cill Taraghlain. An uair a thàinig am ministear seachad air beachdan fasanta romansach nan làithean sin, thòisich e le seanchas aige fhèin air sìthichean, slachdanan draoidheachd, eòlas an dèididh, eòlas an t-snìomha agus an

droch shùil. Bha rann no dhà annasach drùidhteach ann, mar eisimpleir, bho bheul-aithris nan Eilean Siar, far an robh e a-mach air latha a b' fheàrr imrich:

Na falbh Di-luain,
 'S na gluais Di-mairt,
 Tha Di-ciadain craobhach,
 'S tha Diardaoin dälach,
 Dihaoine chan eil e buadh-mhor,
 'S cha dual dhuit falbh a-màireach.

Chithear nach biodh feum ann ghluasad idir agus b' urrainnear an gille-mamaidh a ghleidheadh fo gheasaibh aig an taigh. Seo rann eile, a chaidh fhoillseachadh mus do nochd *Carmina Gadelica*, a bha a' cumail ri chuimhne airson fèilltean agus làithean nan dròbh – margaidheachd an àite Crìosdaidheachd:

Diardaoin latha Ghille Chaluim chaoimh
 Latha chur chaorach air seilbh

A dheilbh 's a chur bà air laogh (MacDonald, 1894, tdd. 45-6).

Mar is trice tha naidheachd mu na seann taighean-cèilidh pailt is cumanta. Seo dhuinn naidheachd a bha measail aig a' mhòr-shluagh ach faodar a ràdh gun robh sgrìobhadairean naidheachdan den t-seòrsa seo a' feuchainn ris an luchd-leughaidh aca a riarachadh agus gu robh iad buailteach a bhith fo bhuidh romansach. Bho àm gu àm, thigeadh guth eile air ais bho Chanada far an robh seachas a' tighinn an clò anns a' phàipear-naidheachd *Mac-Talla*. Bha car eile air an naidheachd seo fo pheann deasachaidh Eòghann G. MacFhionghain agus chuir esan tòrr bho na sgrìobh an t-Urr. Iain MacRuairidh ann an duilleagan *Mac-Talla* (Laing, 2013, tdd. 53-79). Mar eisimpleir beag air guthan eadar-dhealaichte, bha aon sgrìobhadair, Aonghas MacFhionghain, ag aithris air na taighean-ceilidh dà fhichead bliadhna roimhe sin:

Bha iomadh taigh-cèilidh san àite; taigh an tàilleir agus a' cheàrdach; ach bha aon taigh àraid ann far am biodh a' chuid mhòr de na gillean òga a' cruinneachadh. Bhiodh an taigh làn bho ochd uairean, àm fheasgair, gus am bitheadh fada air adhart san oidhche, a-rèir 's mar a bha cùisean a' còrdadh riu. . . . Bhiodh ceò an tombaca cho dùmhail 's gur gann a chitheadh tu solus a' chrùisgein no aodann a chéile. 'S ann mar sud a dh'ionnsaich mise a' phìob-thombaca 'n toiseach, a' lasadh am pìoban do chàch. Tha cuimhne agam air oidhche shonraichte a tharruing mi fichead oiteag de thombaca làidir á seann

phìob dhubh chrèadha, air son seann tromb. B' e sin misg a bu mhò a bh' ormsa riamh (MacFhionghain, 1902, td. 78).

Bu mhiann leinn an còmhnaidh a bhith a' leughadh mu òrain mhòra no seachas na Fèinne ach bha Aonghas còir a' toirt dhuinn ceòl is craic a b' àbhaist a bhith aca an saoghal baile beag am meadhan an naoidheamh linn deug. Bhiodh an ceòl agus na h-òrain ann an toiseach, agus an sin na sgeulachdan is an craic. Thug e dhuinn naidheachd air beatha an da-rìribh bho fhear a bha air an luing-fhoghlaim *Hogg* a bha thall ann an Grianaig aig an àm ud, ag innse dhaibh:

. . . gu'm biodh aca ri leum thall 's a bhos o thaobh gu taobh dhe'n luing, a' nigheadh agus a' sgrìobadh clàir ùrlair agus uachdar na luinge, cas-ruisgte gun bhròig 's gun stocain, 's a' tarraing ghunnaichean mòra mach 's a stigh air na cliathaichean, a' tarraing ròpaichean 's a' togail shiùil, le Beurla bhrais troimh thrombaidean fada pràise, air ais is air aghart le am bàtaichean beaga eadar long is tìr, agus uair 's an t-seachduin ag ionnsachadh snàmhadh dlùth air an luing (MacFhionghain, 1902, td. 78).

Am measg litreachais nan làithean seo, bha teacsaichean oifigeil. Le gort a' bhuntàta, galar sgaoilte an fhiabhrais mhòir, na Fuadaichean agus èiginn mhòr anns a' Ghàidhealtachd air fad, chuireadh sgrìobhainnean an clò le comhairle don t-sluagh. Cha tàinig an iomairt seo bho Riaghaltas Bhreatainn ach bho luchd-fearainn agus uachdaran le oighreachdan anns a' Ghàidhealtachd. Nochd a' chiad phìos susbainteach ann an 1838, fo pheann Mhic 'ic Iain – Sir Frangan MacCoinnich Gheàrrloch – le tiotal 'Beachd-chomhairlean airson feum do Thuathanaich agus Choitearan Gaidh'lach' ([Mackenzie], 1838), agus ann an 1846, nochd tràchdas goirid 'An Seòl air an Glacar agus an Glèidhear an Sgadan, an Trosg, an Langa, an Traille agus an Falmair' le tionndadh gu Gàidhlig air duilleagan aghaidh ri aghaidh. Rinn an t-Urr. Alasdair MacGriogair eadar-theangachadh air a' Bheurla dheth agus sgrìobh e anns an Ro-ràdh nach robh e furasda idir dha a bhith a' togail eadar-theangachadh bho Bheurla gu Gàidhlig le briathran glan, iomchaidh, soilleir air sgàth 's gun robh a h-uimhir de bhriathrachas teicniseach anns an tràchdas agus gun robh gnàthasan-cainnte an dà chànan cho eadar-dhealaichte ('... *one of the most difficult tasks I have ever attempted. . . . The number of technical expressions in the excellent Treatises, and the difference in the idioms in the two languages, made it no easy matter to convey the spirit of the original into the translation, in plain, and at the same time, in almost literal terms*') (Lauder, 1846, td. 4). Dh'fhoillsich 'Comunn Dùchail na h-Alba'

comhairle ann an cruth bileig shingilte fon tiotal ‘Rabhadh Bliadhnaid do Luchd Aiteachaidh na Gaeltachd, air Aiteachadh Chroitean agus Gharaidhean’ (Comunn Dùthchail na h-Alba, 1848). Thàinig a’ bhileag bhon chlà ann an ‘Dunedinn, Sraid a’ Phrionnsa, An Ceud-Mios 1848’, a’ leantainn gu dlùth ri Gort a’ Bhuntàta agus a’ cleachdadh na Gàidhlig nach gabhadh ach eadar-theangachadh bhon Bheurla le briathran mar ‘tuathanas a’ chaibe’ (*spade husbandry*), ‘barrachadh lionmhor’ (*frequent cropping*) no ‘buntàta luatharach’ (*early potatoes*) agus bun-bheachdan nach robh aithnichte aig an àm ud, ged a chaidh an cruthachadh anns a’ Bheurla aig àm an t-Soilleireachaidh (Comunn Dùthchail na h-Alba, 1848; faic an dòigh-sgrìobhaidh aca anns a’ Phàipear-Taice B).

Bha gnàthas-cainnt eile ann a chaidh a chleachdadh anns an dàrna leth den naoidheamh linn deug le briathrachas gu math tomadach is tàmailteach. ’S iad briathran laghail air an deachaidh riaghailtean nan oighreachdan a chur an cèill. Mar sin dheth, rinneadh eadar-theangachadh bhon Bheurla leis mar a bha Gàidhlig aig an luchd-leughaidh no an luchd-èisteachd mar chànan màthaireil. Tha eisimpleir romhainn air ‘Riaghailtean agus Cumhaichean’ (*Articles and Conditions*) a chuir oighreachd Shir Sheumais MhicMhathain ri muinntir Leòdhais ann an 1879, le briathrachas a bha an dà chuid teicnigeach agus connspaideach agus a chuir an cèill adhbharan aimhreit is ùpraid. Chuireadh a h-uile seòrsa de chnap-starra agus sgiùrsadh nam beulaibh agus bacadh eadar an tuath agus dòigh-beatha dhùthchasach, agus ‘mar a chaidh am maor tro Gharrabost’, bha fios aig na Leòdhasaich air na thachradh nam briseadh na riaghailtean, gum biodh iad ‘buailteach bhi air fhògradh gu h-aithghearr mach as an t-seilbh’ (Lews Estate, 1879, td. 13). Bha leisgeul aig na h-uachdarain anns an fheallsanachd ùr agus reachdas a thaobh slàinte an t-sluaigh a bha a’ sìleadh sìos bho Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte aig an àm. Dh’fhàs uallach ro throm, ge-tà, air muinntir nan eilean, mar eisimpleir, gu bhith a’ cur suas gun dàil ‘tighean comhnuidh ... le clach ’us aol ... da sheòmar an car is lugha ... siomlairean anns na cinnballachan (*gables*) ... a’ bhàthaich le dorus air leth aig ceann no air culthaobh an tighcomhnuidh’ (Lews Estate, 1879, td. 5).

Ann an co-dhùnadh, feumaidh sgoilearachd agus rannsachadh ann an raon a’ chànan ann an Alba a bhith a’ cumail ceum ri atharrachaidhean briathrachais fo bhuidh teicneolais agus a’ chultair dhùthchasaich, agus a rèir mar a sgaoil cleachdaidhean is atharrachaidhean nar latha fhèin. Feumaidh obair rannsachaidh sùil a thoirt an

còmhnaidh air clàraidhean a tha ri làimh, eadar co-chruinneachaidhean nan taighean-tasgaidh agus stuth sgrìobhte nach eil fo amharc sgoilearan cànanachais. Tha eisimpleirean air leth tarraingeach againn air dòighean beatha an fhicheadamh linn far an robh dòighean labhairt agus gnàthasan-cainnt air bilean an t-sluaigh bhon naoidheamh agus ochdamh linn deug (faic [Campbell], 1957, tdd. 313–17; [MacLeod], 2005; Dòmhnallach, 1996, td. 95). Dh’fhaodadh a ràdh gu bheil dàimh nach aithnichte eadar na dòighean beatha agus an cànan, no nach eil briathran agus abairtean a thathas a’ clàradh anns na taighean-tasgaidh fo phrosbaig sgoilearachd fhathast. Bha obair air leth ri làimh ann an saothair Aonghais ‘Ease’ MhicLeòid (1916–2002) mun bhaile aige, Calbost, agus na bailtean mu a thimcheall ann an Leòdhas. Rinn esan co-chruinneachadh mòr de dh’àirneis agus de dh’uidheam cuide ri briathrachas a bheireadh dealbh dhuinn air teachd an tìr agus atharrachaidhean a thàinig fon amharc aige mar sàr Ghàidheal (Hirst, 2005; Robson, 2004). Nach eil beàrn ann fhathast air taobh a’ chultair dhùthchasaich, far a bheil feum ann airson drochaid eadar cànan is eachdraidh, agus airson drochaid mar cho-aghaidh (*interface*) de dh’obair làitheil is còmhraidh air bilean an t-sluaigh, a bhith gan tarraing ri chèile le surd? Mar bu trice, ’s e aon sgoilear nar measg a chuir aithne air a’ chuspair seo – agus cha toirear iongnadh oirnn idir. Nuair a thug an Dr Iain MacAonghais seachad pàipear do Chomunn Gàidhlig Inbhir Nis anns a’ Mhàrt 2006, rinn e iomradh air eòlas sònraichte leis na briathran a leanas:

All of us who have been brought up in Gaelic-speaking communities know that in addition to the songs and stories we heard from childhood onwards, there were (and no doubt still are) a great number of items of information usually just mentioned in passing, and that these are of a kind which are apt to escape the notice of students of tradition, or if they do get mentioned at all in published works, are more often than not relegated to footnotes. Yet they are frequently of great interest not only in themselves but because of their association and connections with other aspects of our history and culture and the immense fabric of Gaelic tradition in its entirety. . . . It is important to remember that there are many men and women who do not consider themselves to be tradition bearers at all and who yet can have at their command a surprisingly wide range of traditional lore. And the smallest snippet of that lore can sometimes fill a vacant space in our picture of the culture of our nation (MacInnes, 2004, tdd. 406, 418).

Pàipear-Taice A (bho MhacDhùghaill, 1924, td. 169)

A' Ghobhar

Is e 'bò an duine bhochd' a theirteadh ris a' ghobhair. Anns an t-seann aimsir an uair a bha barrachd dhaoine is na bu lugha de na fèidh anns a' Ghàidhealtachd, bha a' ghobhar ro phailt anns an dùthaich. Tha ainmean àitean, sean-fhocail is gach uile sheòrsa ranntachd, ged nach biodh eachdraidh idir orra, ga dhearbhadh sin. Chan urrainn dhomh innseadh ciamar a tha mi nam inntinn fhèin a' comh-chaigneachadh na gobhair is an èibhlidh chuachaich. Faodaidh gur e rann a bhios gu tric a' ruith air mo mheòmhair a tha aig bun an smuain:

‘A’ ruith nan gobhar feadh nan creag,

’S e ’n t-èibhleadh beag bu docha leam ...’

Co dhiubh, tha e fìor gun d' fhalbh a' ghobhar is an t-èideadh dùthchail mun aon àm, is chan eil teagamh nach toir sinn iomad uair sùil iargaineach nan dèidh le chèile. Bha e air a chunntadh gun robh bainne nan gobhar na bu bhrìoghmhoire nam bainne nam bò, is gu sònraichte gun robh e math gu càise a dhèanamh. . . . Mar a e air a chunntadh gun robh bainne bà ruaidh na b' fheàrr na bainne bà air bith eile, bha bainne nan gobhar geala na bu bhrìoghmhoire na bainne seòrsa eile. An Eirinn tha an aon earbsa aca à bainne nan gobhar gu leigheas na caitheamh is a tha anns an eilean againne à 'bainne gun ghaoth'.

Pàipear-Taice B (bho Chomunn Dùthchail na h-Alba, 1848)

Innear Theann. – Is còir i so a chruinneachadh gu cùramach o na beathaichibh 'us o na pòrraibh luibheanach – duilleagan seargta, criadh loisgte, lusan salach, luath, pòll, feamainn, agus gach spruilleach eile. Rachadh na stuthan sin a mheasgachadh 'an ceann a cheile, an cumail o chaitheamh, le an còdaich thairis, chum an dion, cho math agus a ghabhas deanamh, o ghaoith, o ghrèin 's o uisge, – faodar breath de thalamh tròm a chur thairis orra.

Innear Bhog. – Is còir i so a ghleidheadh, rachadh gach dreabhas air feadh an tighe, uisg a' bhàich, stuth an tighe dhìomhair a chruinneachadh ann an amar. Faodar amar a dheanamh de bharrail air a cur fodha 's an talamh, no tòll a dheanamh air a chàramh suas air gach taobh le *aspalte*, clach 'us aol, no cràidh. Oibrichidh innear bhog air bàrr

aig gach ceum de 'fhàs mòran na's fheàrr agus na's luaithe na innear theann ùin fhada mu'n dearg an ùir oirre chum na freumhan òga 'bheathachadh.

Tùsan

Caimbeul, Aonghas (1973). *Suathadh ri Iomadh Rubha: Eachdraidh a Bheatha le Aonghas Caimbeul (Am Puilean)*, deas. le Iain Moireach. Glaschu: Gairm.

[Campbell J. L.] 'Fear Chanaidh' (1957). 'An dòigh air an rachadh Tigh Dubh a thogail'. *Gairm*, Àir. 20, tdd. 313–17.

Cheape, Hugh (2012), 'Alexander Fenton'. *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland*, Iml. 142, tdd. 1–8.

Cheape, Hugh (ri thighinn). 'Coimhearsnachd chànanach mar fhoillseachadh àraid ann an sgrìobhaidhean bho dheireadh an 19mh linn', ann an *Rannsachadh na Gàidhlig* 7, Glaschu.

Christison, Robert (1882). 'Notice of a Knocking-stone or Barley Mortar of Granite from Ballachulish'. *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland*, Iml. 16, tdd. 25-6.

Comunn Dùthchail na h-Alba (1848). *An Dara Rabhadh Bliadhna do Luchd Aiteachaidh na Gaeltachd*. Dùn Eideann: Comunn Dùchail na h-Alba.

Cox, Richard (deas.) (2009). *Dualchas agus an Àrainneachd*. Slèite: Clò Ostaig.

Dòmhnallach, Domhnall Eairdsidh (1996). 'Bàrd a' bruidhinn mu chuid bàrdachd fhèin'. *SGS*, Iml. 17 (*Fèill-Sgrìbhinn do Ruaraidh MacThomais*), tdd. 87–102.

Duns, John (1882). 'Jottings from Mid-Lochaber'. *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland*, Iml. 16, tdd. 49–56.

Fenton, Alexander (1985). 'The Scope of Regional Ethnology', in *The Shape of the Past 1: Essays in Scottish Ethnology*. Dùn Eideann: John Donald, tdd. 43–54.

Fox, Adam, agus Woolf, Daniel (deas.) (2003). *The Spoken Word: Oral Culture in Britain 1500-1850*. Manchester: Manchester University Press.

Gailey, Alan, and Ó hÓgain, Dáithí (deas.) (1982). *Gold under the Furze: Studies in Folk Tradition Presented to Caoimhín Ó Danachair*. Baile Àtha Cliath: Glendale Press.

Hirst, Caroline (2005). *'Back to the wind, front to the sun': The Traditional Croft House*. Port Nis: Urras Leabhraichean nan Eilean.

- Laing, Calum (2013). *An t-Urramach Iain MacRuairidh: A Bheatha agus na Sgrìobhaidhean Aige*. Inbhir Nis: Clàr.
- Lauder, T. D. (1846). *Directions for Taking and Curing Herrings, and for Curing Cod, Ling, Tusk and Hake*. Dùn Èideann: T. Constable.
- Lews Estate (1879). *Rules and Regulations of Lews Estate in Gaelic and English*. Steòrnabhagh: Lews Estate.
- MacAulay, Donald (1986). 'New Gaelic?' *Scottish Language*, Iml. 5, tdd. 120-5.
- MacCalmain, T. M. (1954). 'Eachann MacDhùghaill: Beagan mu dheighinn agus cunntas air na sgrìobh e an Gàidhlig', *Gairm*, Àir. 8, tdd. 362-8.
- MacCoinnich, Aonghas (2006). 'Cleiffis of Irne: Clann Choinnich agus gnìomhachas iarainn, c. 1569-1630', ann an Wilson McLeod, James E. Fraser agus Anja Gunderloch (deas.), *Cànan & Cultar/Language & Culture: Rannsachadh na Gàidhlig* 3, tdd. 137-52. Dùn Èideann: Dunedin Academic Press.
- MacDhòmhnaill, Coinneach D. (1976). 'A' trusadh dhan Fhaclair', *Gairm*, Àir. 96, tdd. 338-40.
- MacDhòmhnaill, Coinneach D. (1977). 'A' trusadh dhan Fhaclair', *Gairm*, Àir. 97, tdd. 94-7.
- MacDonald, Archibald (1894). 'Religion and Mythology of the Celts'. *TGSI*, Iml. 19, tdd. 37-49.
- MacDhùghaill, Eachann (1924). 'Beachdachadh mu Ainmhidhean na Gàidhealtachd'. *TGSI*, Iml. 31, tdd. 135-74.
- MacDhùghaill, Eachann (1930). 'Beachdachadh mu Ainmhidhean na Gàidhealtachd. Earrann II'. *TGSI*, Iml. 35, tdd. 98-144.
- MacFhionghain, Aonghas (1902). 'An Tigh Cèilidh'. *Mac-Talla*, Iml. 11, td. 78.
- MacFhionghain, Niall (2002). 'Faclan agus Abairtean – Ceann a Deas an Eilean Sgitheanaich'. *TGSI*, Iml. 62, tdd. 277-97.
- MacGregor, Martin (2002). 'The Genealogical Histories of Gaelic Scotland', ann am Fox agus Woolf 2002, tdd. 196-239.
- MacInnes, Rev. Duncan (deas.) 1890). *Folk and Hero Tales. Waifs and Strays of Celtic Tradition II – Argyllshire Series*. Lunnainn: David Nutt.
- MacInnes, Rev. Duncan (1894). 'Notes on Gaelic Technical Terms'. *TGSI*, Iml. 19, tdd. 213-7.
- MacInnes, John (2004). 'A Fieldwork Miscellany'. *TGSI*, Iml. 63, tdd. 406-18.

McIntosh, Angus (1952). *Introduction to a Survey of Scottish Dialects*. Dùn Èideann: Thomas Nelson.

[Mackenzie, Sir Francis] (1838). *Hints for the Use of Highland Tenants and Cottagers. By a Proprietor*. Inbhis Nis: Robert Carruthers.

Macleod, Donald John (1976). ‘Gaelic Prose’. *TGSI*, Iml. 49, tdd. 198-230.

[MacLeod, George] Seòras Chaluim Sheòrais (2005). *Muir is Tir*. Steòrnabhagh: Acair.

MacLeod, Iseabail, agus McClure, J. Derrick (deas.) (2012). *Scotland in Definition: A History of Scottish Dictionaries*. Dùn Èideann: John Donald.

MacLeòid, I. N. (1947). ‘Dìmeas na Gàidhlig’, *An Gàidheal*, Iml. 52, tdd. 86-7.

MacLeòid, Murchadh (1968). ‘A’ trusadh dhan an Fhaclair’, *Gairm*, Àir. 64, tdd. 339-41.

MacLeòid, Ruairidh (1981). ‘Comann nan Sgoiltean Gàidhlig’, *Gairm*, Àir. 114, tdd. 161-5.

[MacLeòid, Tarmod], ‘Am Bàrd Bochd’ (1968). ‘A’ trusadh dhan an Fhaclair’. *Gairm*, Àir. 63, tdd. 270-6.

MacRury, John (1893). ‘Tàillear Ghearraidh-Bo-Stig’. *TGSI*, Iml. 19 (1893), tdd. 25-37.

MacThómais, Ruairidh, agus Domhnallach, Fionnlagh (1954). ‘Roimh-ràdh’. *Gairm*, Àir. 8, td. 303.

Meek, Donald E. (2002). ‘The Pulpit and the Pen: Clergy, Orality and Print in the Scottish Gaelic World’, ann am Fox agus Woolf, 2002, tdd. 84-118

Oftedal, Magne (1956). *The Gaelic of Leurbost, Isle of Lewis*. Oslo: Norwegian Universities Press.

O’ Rahilly, T. F. (1932). *Irish Dialects Past and Present, with Chapters on Scottish and Manx*. Baile Àtha Cliath: Institiúid Ard-Léinn Bhaile Átha Cliath.

Robson, Michael (2004). *The Angus Macleod Archive. An Introduction to the Collection*. Port Nis: Urras Leabhraichean nan Eilean.

Steensberg, A. (1993). ‘Wörter und Sachen / Terms and Realities’, ann an Hugh Cheape (deas.), *Tools and Traditions: Studies in European Ethnology Presented to Alexander Fenton*, tdd. 16-21. Dùn Èideann: National Museums of Scotland.

Thomson, Derick S. (1978). ‘Words and Expressions from Lewis’. *TGSI*, Iml. 50, tdd. 173-200.

Wagner, Heinrich (1981). *Linguistic Atlas and Survey of Irish Dialects*. Baile Àtha Cliath: Institiúid Ard-Léinn Baile Átha Cliath.

Sabhal Mòr Ostaig